Thathar ga mheas mar adhartas mòr do Ghàidhlig gun do gheall Rùnaire na Stàite airson Alba anns an Dùbhlachd 1989 gun stèidhicheadh e Maoin Riochdachaidh Teilbhisein Gàidhlig le maoin de £8 muillean sa bhliadhna. 'S e crìoch iomchaidh a bh'ann air saothair dà bhliadhna do ioma buidheann, le CNAG gan stiùireadh 's gan treòrachadh. Thèid an t-airgead a chleachdadh airson 200 uair a thìde de phrògraman teilbhisein a chruthachadh gach bliadhna, a bharrachd air a' 100 uair a thìde neo mar sin a tha BBC Alba, Grampian TV agus Scottish TV a' deasachadh mu thràth, agus bidh e mar fhiachaibh gun tèid cuid dhe na prògraman ùra a chraoladh aig amannan dhen latha nuair a tha luchd-amharc lìonmhor.

## Toradh Eaconomach

Tha sinn a' cur fàilte chridheil air a' ghealltanais seo ach feumaidh sinn cuideachd cuimhneachadh gu bheil mòran obrach fhathast ri dhèanamh airson rianachd fhreagarrach a chruthachadh dhan Mhaoin, airson prògraman a choimiseanadh, agus airson clàr craolaidh iomchaidh a dhealbhadh. Tha e air leth cudthromach gun tèid deagh chuid dhen toradh eaconomach a bhios an cois an leudachaidh seo air teilbhisean Gàidhlig a chumail air Ghàidhealtachd.

## Barrachd Uallaich

Anns an dà bhliadhna chaidh seachad thàinig uallach ris nach robh dùil leis an t-strì airson seirbhis teilbhisein, an dà chuid a thaobh airgid a chosg air cunntais is rannsachadh bho luchd-eòlais, agus, is gu h-àraid, a thaobh ùine is saothair ar stiùiriche. Bha mòran choinneamhan ann ri Ughdarrasan Ionadail, companaidhean craobh-sgaoilidh, buidhnean aig an robh ùidh sa ghnothach, buidhnean comhairleachaidh, buill parlamaid agus oifigich an riaghaltais.

## Dleasdanas Leantainneach

Ged a bhiodh dùil gum fàsadh an t-uallach na b'aotruime a chionn 's gu bheil a h-uile duine air gabhail ris a' phrionnsapal airson a' chiad uair gu bheil feum air seirbhis teilbhisein Ghàidhlig, tha e fada ro thràth do ChNAG an t-uallach seo a leigeil as gu buileach. Gus an tèid dòigh rianachd fhreagarrach a stèidheachadh dhan Mhaoin Riochdachaidh bidh e mar dhleasdanas air CNAG leantainn ris a' ghnothach, is mar sin feumar maoin is saothair a chur ma choinneamh.



# FOGHLAM

## Aonadan Gàidhlig

Rinneadh tuilleadh adhartais feadh na bliadhna ann am foghlam foirmeil, gu h-àraid a thaobh an àireamh de phàrantan a tha ag iarraidh aonadan Gàidhlig anns na bun-sgoiltean agus mar a tha ughdarrasan an fhoghlaim a' toirt feart air na h-iarrtasan sin. Tha a-nise 16 dhe na h-aonadan sin stèidhichte an Alba — sia anns na h-Eileanan an Iar, ceithir anns an Eilean Sgitheanach, agus fear an urra an Inbhirnis, Baile Dhubhthaich, Glaschu, Bishopbriggs, Ile is Dùn Eideann — le cuid eile san amharc sna h-uiread de chèarnan a rèir na bhios ann de thidsearan.

## Deuchainnean an Gàidhlig

Bu chòir fàilte a chur air co-dhùnadh Bòrd Deuchainn na h-Albann gum bi deuchainn Eachdraidh ceum-S an Gàidhlig ann bho 1992. Tha seo mar fhreagairt do dh'iartras bho Chomhairle Srath Chluaidh le taic bho chomhairlean eile a tha teagasg troimh Ghàidhlig sa bhun-sgoil, agus bithear an dòchas gun leudaich an cleachdadh seo do phàirtean eile de chlàr-teagaisg na h-àrd-sgoil far a bheil iarraidh air. Tha dà àrd-sgoil anns na h-Eileanan an Iar air stuth Gàidhlig a dheasachadh airson Cuspairean Sòisealta ann an S1/2, tha àrd-sgoil ann an Glaschu a' deasachadh cùrsa Eachdraidh 4-bliadhna tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha na Comhairlean anns na h-Eileanan an Iar, Roinn na Gàidhealtachd agus Roinn Lodainn air cur romhpa an aon seòrsa deisealachd a dhèanamh do chloinn a tha an-dràsda sna h-aonadan Gàidhlig agus ann am bun-sgoiltean dà-chànanach.

## Am Buidheann Stèidhte Eadar-Roinneil

A thaobh adhartais cuideachd bu chòir mothachadh dhan àite chudthromach a th'aig a' Bhuidheann Stèidhte Eadar-Roinneil mu Fhoghlam Gàidhlig, a th'aig a' fhreasdal le CNAG. Tha ochd Ughdarrasan Ionadail — na h-Eileanan an Iar, Roinn na Gàidhealtachd, Srath Chluaidh, Lodainn, An Roinn Mheadhanach, Roinn Tatha, Fìobha agus Roinn a' Mhònaidh — gu cunbhalach a' gabhail pàirt ann an gnòthaichean a' Bhuidhinn, agus tha ughdarrasan eile air an taic dha a nochdadh. Tha àite feumail aig a' Bhuidheann ann am planadh is co-òrdanachadh leasachaidh a thaobh gnòthaichean mar stuthan teagaisg Gàidhlig a dheasachadh, agus ann an trèanadh thidsearan, is mar seo tha an fheum as motha ga dhèanamh dhe na comasan a th'ann gun ath-chosgais air saothair.

## Gàidhlig san Ard-sgoil

Bha mòran dhen bhreithneachadh a rinneadh air ceistean foghlaim feadh na bliadhna a' bualadh air inbhe na Gàidhlig ann an clàr-teagaisg na h-àrd-sgoil, agus air an eagal a bha air mòran gun d' rachadh a' chànan a bhruthadh as an cois a' riaghailt gum feumadh a' chlann air fad aon de chànanan coimheach Eòrpach an latha 'n diugh a ghabhail fad na ceithir bliadhna a dh'fheumadh iad a bhith san àrd-sgoil. Bha tagraidhean bho chaochladh bhuidhnean gu Roinn Foghlam na h-Albann soirbheachail gun ìre 's gun deach an riaghailt atharrachadh airson cead a thoirt do chloinn air S3 is S4 "Gàidhlig neo cànan sam bith eile a ghabhail mar an aon chànan a bharrachd air Beurla" ann an sgoiltean far a bheil seo freagarrach dhan chlàr-teagaisg. A dh'aindeoin seo, tha e na adhbhar cùraim fhathast a thaobh an uallaich a tha an suidheachadh a' cur air a' chlàr-teagaisg, gu h-àraid a chionn 's nach eil an aon chothrom aig cloinn air S1 is S2 ann an sgoiltean far am faod stèidh na Gàidhlig a bhith gu math cugallach.

## Gainne Thidsearan

B'è ceist chudthromach eile air an robhas a' breithneachadh àireamh is trèanadh nan tidsearan. Thathas a' cur fàilte air co-dhùnadh Roinn Foghlam na h-Albann tilleadh gu tidsearan a thrèanadh an dà chuid anns a' Chalaisde Tuath an Obar-Dheadhain agus an Colaisde Chnoc Iordain an Glaschu, an dèidh iarrtasan bho ChNAG agus bhon Bhuidheann Stèidhte Eadar-Roinneil air Foghlam Gàidhlig, ach cha toir seo leis fhèin buaidh air a' ghainne luchd-teagaisg a tha an-dràsda ruigheachd ìre chunnartach. Tha e follaiseach gum feumar dòighean a lorg a' cheist seo fhreagairt ma thathar a' dol a thoirt liuthad oidhirp a chaidh a dhèanamh a thaobh Gàidhlig bho chionn bhliadhnaichean an seo gu buil shoirbheachail.

---

## Co-labhairt air Foghlam

*Air sgath 's cho cudthromach 's a tha foghlam an saoghal na Gàidhlig, agus liuthad ceist 's a thathar a' togail mu dheidhinn an ceartuir, dh'aontaicheadh gum bu chòir Co-labhairt Nàiseanta Foghlaim a chumail tràth an 1990. Bhathas a' faireachadh gun robh an t-àm air leth iomchaidh airson a leithid a chionn 's gun robh an t-adhartas leasachaidh a thàinig an cois nan Tabhartasan Sònraichte an 1986 a-nise air ruith a-mach; tha e soilleir gu bheil an uair ann ath-mheas a dhèanamh air na prìomh rùintean againn agus sgeime leasachaidh as ùr a dhealbh do dh'fhoghlam Gàidhlig.*

---



# OIGRIDH IS COIMHEARSNACHD

## Coinneamhan Phàrantan

Tha oifigich ChNAG air a bhith an sàs gu cunbhalach rè na bliadhna ann an coinneamhan de chaochladh seòrsa. A thuilleadh air coinneamhan a th' air an cumail le buidhnean eile gus còmhraidh mu phròiseactan sònraichte thathas cuideachd air a bhith a' cumail choinneamhan fiosrachaidh airson comharrachadh agus co-òrdanachadh thachartasan ùra.

Tha coinneamhan le pàrantan agus obair an cois Ughdarrasan Ionadail riatanach a thaobh sgaoileadh fiosrachaidh agus cumail taice ri eudmhorachd na coimhearsnachd, agus tha iad air sin a dhearbhadh tro iarrtasan airson cròileagain, buidhnean òigridh agus dheugairean, clasaichean luchd-ionnsachaidh, foghlam inbheach agus tron leudachadh san aireamh luchd-obrach pàirt-ùine an sàs ann an tadhal-dhachaighean.

## Pròiseact Tadhal-dhachaighean

Chaidh tadhal dhachaighean a dhèanamh le luchd-obrach pàirt-ùine (iad fhèin nam pàrantan) air feadh nan Eileanan an Iar agus ann an cuid de sgìrean ann an Roinn na Gàidhealtachd. Chaidh tadhal air pàrantan le teaghlaichean òga nan dachaighean fhèin gus còmhraidh mu fhoghlam. Chumadh coinneamhan fosgailte do phàrantan ann an iomadh sgìre an dèidh sin.

Is ann air taic bho na h-Ughdarrasan Ionadail a tha am pròiseact seo stèidhte, ged as e oifigich ChNAG a tha ga cho-òrdanachadh. Tha an treànadh agus a' chomhairle a tha 'n luchd-obrach pàirt-ùine a' faighinn ro agus rè a' phròiseict air a chur air dòigh le oifigich ChNAG agus oifigich foghlaim nan Ughdarrasan Ionadail.

An 1990/91 bithidh am pròiseact a' leudachadh tron Ghàidhealtachd agus ann an sgìrean sònraichte eile air feadh Albann.

## Sgìrean le Pròiseactan Tadhal-dhachaighean

### Na h-Eileanan an Iar-

Na Hearadh, Leòdhas, Uibhist a Tuath, Uibhist a Deas, Barraigh, Bhatarsaigh.

Barraigh — Mu Dheas agus mun Ear.

Bhatarsaigh

Na Hearadh — Losgantir, An Taobh Tuath, An t-Ob, Srannda, Sgarasta.

Leòdhas — An Rubha Pabail, Siadar, Garrabost, Port nan Giùran, Aird, Fleisirin, Cnoc, Suardail, Aiginis, Port Bholair.

— Am Bàc Col, Col Uarach, Griaais, Tolastadh, Bhatasgeir, Tunga, Aird Thunga, Ceann a-muigh Chuil, Gearraidh Ghuirm.

Uibhist a Deas — Gleann Dail, Cille Bhrighde, Loch Baghasdail, Dalabrog, Smiaracleit, Bòrnais, Staonabruig, Gleann Dàil a Tuath, Cille Pheadair, Gearraidh na Mònadh.

Uibhist a Tuath — Griomasaigh, Càirinis, Loch Euphort, Clachan, Baile Sear, Ceann a' Bhàigh, Togh Gearraidh, Taigh a' Ghèrraidh.

Roinn na

Gàidhealtachd — Ard nam Murchan.

## Sradagan

Buidhnean Oigridh — aois os cionn 5 bliadhna.

Is e stèidheachadh agus leasachadh phròiseactan òigridh a' phrìomh obair a th' air a bhith aig oifigich ChNAG sa choimhearsnachd.

Tha na Sradagan a' sìor dhol am meud — le 17 buidheann mu thràth stèidhte agus iarrtasan bho phàrantan ann an 20 sgìre eile, tha an sgioba beag a tha 'n urra riutha ga fhaighinn nas dorra agus nas dorra a' chomhairle agus an taic air a bheil iad airidh a chumail riutha.

Mar a tha an iarraidh a tha aig pàrantan air an cloinn a thoirt ri chèile ann an suidheachadh neo-fhoirmeil Gàidhlig a' meudachadh, 's ann as motha a tha am feum ag èirigh air structar nàiseanta le gu leòr de luchd-obrach.

Chaidh a' chiad cheum gu ruige seo a ghabhail aig a' Champ Bhliadhnail an 1989 ann an Inbhir Pheotharain far an deach buidheann obrach de phàrantan a stèidheachadh. Tha CNAG air ceanglaichean a chumail leis a' bhuidhinn agus thathas an dùil stèidheachadh Comataidh Nàiseanta airson nan Sradagan as t-samhradh 1990.

Is e leasachadh chur-seachadan agus tuilleadh trèanaidh airson luchd-stiùiridh na prìomh raointean-obrach a tha ag èirigh. Tha prògram trèanaidh airson luchd-obrach nan Sradagan air a dhealbhadh eadar CNAG agus Ughdarrasan Ionadail; tro thìde bithidh leabhar-iùil air a dheasachadh do luchd-stiùiridh.

Thathas a' meas cudthromach an taic a tha luchd-obrach Foghlaim Coimhearsnachd a' toirt dha na Sradagan an SrathChluaidh, anns na h-Eileanan an Iar agus anns an Eilean Sgitheanach, far a bheil na Sradagan an ceartuir. Tha obair leasachaidh nan Sradagan a' dol air adhart.

## Sradagan ann an 1989

LEODHAS	NA HEARADH	UIBHIST	BARRAIGH
Siabost	An Tairbeart	Dalabrog	Bàgh a' Chaisteil
Fidigearraidh	An t-Ob	Ceann a' Bhàigh	Baile na Creige
Steòrnabhagh		Stاونابروغ	
Barabhas			

AN T-EILEAN	GLASCHU
SGITHEANACH	Sgoil an Rìdire Iain Macsueil
Portrigh	
Stafainn	
An t-Ath Leathainn	
Slèibhte	

## Trèanadh Deireadh-sheachdainn/Campaichean airson nan Sradagan

Chumadh grunnan sheisean trèanaidh aig deireadh sheachdainn rè na bliadhna; an Leòdhas, airson nam buidhnean an Leòdhas agus na Hearadh; an Uibhist airson Uibhist agus Barraigh; sa Phloc airson buidhnean an Eilein Sgitheanaich. Bha iad air an ruith le luchd-obrach ChNAG agus bha iad air an togail air buidhnean obrach ann an dràma, ceòl, cleasan ùra, òrain agus pròiseactan nàdair, air an gabhail le proifeasantaich sna raointean sin. Is ann airson cruthachadh bheachdan ùra, a thuilleadh air cothrom a thoirt do dhaoine coinneachadh ri buill nam buidhnean eile, a bha na seiseanan deireadh sheachdainn seo agus ann an cuid de sgìrean dh'fhuirich na buidhnean còmhla airson aon oidhche.

Aig a' Champ Bhliadhnail, an Inbhir Pheotharain san t-samhradh 1989, bha 90 neach òg an làthair còmhla ri 50 pàrant. Bha e soilleir gum feumar suil gheur a chumail air campaichean bliadhnail anns na bliadhnaichean a tha ri teachd oir nochd trioblaidean ri linn 's nach robh cuid den chloinn agus pàrantan a bha an làthair fileanta gu leòr sa Ghàidhlig.

Feumar freagairtean a lorg airson an leithid seo de dhuilgheadas ma tha na campaichean gu bhith soirbheachail don h-uile neach a tha an làthair.



## Deugairean

Rè na bliadhna tha buidhnean de dheugairean an Leòdhas, Na Hearadh, Uibhist a Tuath, Uibhist a Deas, Barraigh, an t-Oban, Glaschu agus Inbhir Nis air a bhith an sàs an dara cuid ann am Pròiseactan Dràma no air Cur-seachadan Deireadh Sheachdainn a-muigh.

Thugadh buidhnean air cuairt deireadh sheachdainn gu Bhaltois, an t-Oban agus Obar-phuill.

Chumadh bùithean obrach dràma an co-bhonn ris a' Phròiseact Ealain Nàiseanta an Inbhir Nis 's an Leòdhas. Tha sinn gu mòr an comain na leanas airson an taice: oifigich Foghlaim Coimhearsnachd an Uibhist agus san Eilean Sgitheanach; Fradharc Ur; Rèidio nan Gàidheal; agus na h-oileanaich a bha an làthair.

Bha còrr air 100 deugair aig Camp nan Cearcall san Aghaidh Mhòr, agus thug na seiseanan Dràma a bh' aig na buidhnean ron a' Champ deagh thuigse dhaibh air na sgilean a tha a dhìth airson ullachadh dealbh chluich airson an àrd-ùrlair.

Tha sinn gu mòr an comain an luchd-sgrìobhaidh sa choimhearsnachd, na Buidhnean Dràma agus an luchd-taic fa leth airson an dìchill.

## OIDHIRPEAN EILE

Bha na h-oifigich aig CNAG an sàs anns na h-uiread de dh'oidhirpean eile dhan òigridh còmhla ri buidhnean eile.

### Pròiseactan Ealain

Chuir oifigich ChNAG agus am Pròiseact Ealain Nàiseanta cuirm feasgair air chois aig a' Mhòd Nàiseanta.

Bha mu 500 neach de chaochladh aoisean an làthair aig a' chuirm seo, eadar luchd-coimhead agus buidhnean dràma. Thug a' chompanaidh dràma ùr, Ordag Is Sgealbag trèanadh do na buidhnean dràma Cearcall an Siabost, Lional agus Pabail roimh làimh. 'S e 'Donaidh Dotaman' bu mhotha a chòrd ris an fheadhainn as òige gu h-àraid.

On tharraing Sìm MacCoinnich aire gu Ordag is Sgealbag aig a' Mhòd Nàiseanta, thathas air mòran ùidh a shealltainn ann, gach cuid bho thaobh luchd foghlaim agus, gu sònraichte, bho thaobh phàrantan. Tha e a-nis a' leasachadh prògram trèanaidh do luchd-stiùiridh nan Sradagan.

### Farpais Cheist

Ghabh 10 àrd-sgoiltean sna h-Eileanan an Iar pàirt ann am Farpais Cheist Ghàidhlig do chloinn aois 11-14 bliadhna, le taic bho Loganair. Chuireadh am pròiseact seo air chois eadar CNAG agus Roinn Foghlaim Chomhairle nan Eilean. Bhuannaich sgioba Sgoil Lionail an Leòdhas farpais na bliadhna seo ann an co-fharpais chruaidh.

## OBAIR CO-ORDANACHAIDH

### Leudachadh

Feadh na bliadhna dh'fhalbh thathas air a bhith mothachail gu bheil ar prìomh obair ann a bhith co-òrdanachadh agus a' teannachadh cheanglaichean a tha a' piobrachadh tuilleadh leasachaidh air a bhith sìor mheudachadh. Tha seo air tachairt aig a h-uile ìre aig a bheil CNAG an sàs. Chithear seo aig aon ìre far an robh ar n-iar-cheannard, a bha na cheannard gu bho chionn ghoirid air a' Bhiùro Eòrpach airson Mion Chànanan, na fhear-cathrach cuideachd air a' Chomataidh Bhreatannaich, agus tha ar stiùiriche dìreach air dreuchd iar-chathraiche agus rùnaire na comataidh sin a ghabhail os làimh. Aig ìre coimhearsnachd chithear ar n-oifigich is an luchd-cuideachaidh a' tadhal air dachaighean fa leth gus ùidh a bhrosnachadh. Eadar an dà cheann sin tha an obair a' dol air adhart aig ioma ìre, le ceanglaichean ri oifisean an riaghaltais, Ughdarrasan Ionadail, oifigich leasachaidh agus caochladh bhuidhnean a tha an sàs ann an leasachadh sòisealta, eaconomach agus dualchasach. Aig ìre nas fhoirmeile tha riochd co-òrdanaiche againn a thaobh a' Bhuidhinn Stèidhte Eadar-Roinneil air Foghlam Gàidhlig.

### Buidheann Obrach Eadar-Roinneil

An lorg soirbheachaidh a' Bhuidhinn Stèidhte, chumadh coinneamh ri oifigich trì Ughdarrasan Ionadail agus Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean a bheachdachadh am b'fhiach buidheann oifigeach eadar-bhuidhneach a chur air chois airson dèiligeadh ri cùisean leasachaidh Gàidhlig a-mach air foghlam. Dh'aontaicheadh buidheann-obrach a chur air bhonn a bheireadh cothrom an dà chuid airson fiosrachadh a sgaoileadh, agus airson breithneachadh air cothroman agus bacaidhean a thaobh leasachaidh. Bidh ceangal teann aig CNAG ris a' bhuidhinn seo anns am bi na h-Eileanan an Iar, Roinn na Gàidhealtachd agus Srath Chluaidh an sàs, còmhla ris a' Bhòrd Ghàidhealach.

### An Comunn Ghàidhealach

Chumadh coinneamhan ris a' Chomunn Ghàidhealach airson saothair an dà bhuidheann a cho-òrdanachadh nas mionaidaiche agus airson ath-chosgais air saothair is maoin a sheachnadh. Dh'aontaicheadh am prionnsapal gum bu chòir dhan dà bhuidheann luchd-dreuchd fhasdadh eatorra an cuid dhen obair nuair a bhitheadh cothroman ann.

## Comhairle nan Sgoiltean Araich

Ged is ann do Chomhairle nan Sgoiltean Araich a bhuineas e deisealachd a dhèanamh do chloinn fo aois sgoile tro Phàrant is Pàisde airson an fhìor fheadhainn òga is am pàrantan, agus Cròileagain do cho-aois 3-5, tha sinn toilichte bhith mothachadh an adhartais a tha iad a' dèanamh anns an leasachadh chudthromach seo air a bheil a h-uile oidhirp eile an crochadh. A dh'aindeoin teanntachd airgid agus an èiginn am maoin fhèin a chruinneachadh, tha dol aig CNSA air a bhith a' sìor stèidheachadh nam buidhnean a chuir iad air bhonn, is gu dearbh tha iad fhathast a' gabhail gach cothrom leudachaidh.

### Pris air Piseach

Mar a tha an àireamh de bhuidhnean, oifigich leasachaidh, is daoine a tha a' sàs ann an adhartachadh Gàidhlig air seòl air choireigin a' sìor mheudachadh, tha an t-uallach a' sìor thighinn nas truime air oifigich ChNAG am prìomh aobhar co-òrdanachaidh a cho-lionadh. Gun ìre is gur e ceannach air piseach a tha seo 's e comharradh fallain a th'ann, ach cuideachd feumar beachdachadh gu geur air ciamar a gheibhear an taic is fheudar airson saothrachadh gu h-èifeachdach san raon obrach seo a tha sìor sgaoileadh a-mach.



## PROISEACTAN

### Am Pròiseact Ealain Nàiseanta

Feadh na bliadhna tha còmhraidh cunbhalach air a bhith ann ri stiùiriche a' Phròiseict Ealain Nàiseanta, a chuireadh air bhonn fo sgèith ChNAG, Comhairle nan Ealain agus an Comunn Gàidhealach. Chaidh dòighean rianachd airson a' Phròiseict a stèidheachadh agus tha am prògram a' tàthadh ri chèile gu snog. Chaidh pròiseactan Theatar Oigridh Gàidhlig ann an Lionacleit agus Theatar am Foghlam a thòiseachadh, agus tha na h-uiread de phròiseactan ùra eile aig ìre tòiseachaidh.

### Urras Guth na h-Oige

Chaidh Urras Guth na h-Oige, anns a bheil CNAG is am BBC an sàs leis a' cheann-uidhe tomhas de dh'èolas craolaidh a thoirt do dh'òigridh, ath-dhealbhachadh agus thòisicheadh air prògram obrach ùr as t-fhoghar. Tha Morag Stiùbhart an urra ri rianachd a' phrògram air bonn pàirt-ùine, agus tha craoladairean eile gam fasdadh air barantas goidid gus cuideachadh leis na cùrsachan.

### Iomhaigh

Feadh na bliadhna mheasadh as ùr àite Iomhaigh, am buidheann adhartachaidh a tha CNAG a' ruith an co-bhonn le Sabhal Mòr Ostaig. Chumadh còmhraidhean airson dòigh obrach ùr a stèidheachadh a bheireadh ceanglaichean nas tinne 's nas cunbhalaiche eadar Iomhaigh, na foillsichearan Acair agus am Pròiseact Ealain Nàiseanta. Chaidh molaidhean a thaobh leasachaidh a chur air beulaibh bòrd stiùiridh Iomhaigh.

### Secretariat Leabhraichean Cloinne

Còmhla ri Acair agus am Biùro Eòrpach airson Mion Chànanan tha CNAG air a bhith an sàs ann an Secretariat Leabhraichean Cloinne a chur air bhonn. Chaidh molaidhean a chur gu Urras Van Leer airson pròiseact trì bliadhna anns am biodh trì dùthchannan Eòrpach an sàs ann am prògram airson leasachadh dòighean cleachdaidh leabhraichean chloinne ann am mion chànanan. Chaidh mòran brosnachaidh a thoirt do dh'fhoillsichearan feadh na h-Eòrpa margadh na cloinne a bhiadhadh is bidh mòran an crochadh air dè am feirt a bheir iad air seo.

## Nobhailean Acair

Chaidh a chur air dòigh gun d' rachadh na seachd nobhailean cloinne a chaidh a sgrìobhadh an 1988 an co-bhonn le Acair a chur an clò thairis air dà bhliadhna. Tha Sgeime nan Tabhartasan Sònraichte air buaidh fhollaiseach a thoirt air cosnadh Acair, a bharrachd air gu bheil barrachd leabhraichean air a bhith gan reic sna bùithnean anns na ceithir bliadhna a dh'fhalbh. Tha an companaidh air neach-deilbh fhasdadh dhaibh fhèin agus thathar air beart-fhoillsichidh a cheannach. Tha seo a' toirt cothrom airson tuilleadh co-obrachaidh.

## Cùrsa Luchd-ionnsachaidh

Ann am pròiseact còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig agus Comann an Luchd Ionnsachaidh tha CNAG air a bhith dealbhadh cùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh — Siuthad. Chaidh a' chiad phàirt dhen chùrsa an clò feadh na bliadhna is bha fèill air. Thathar a' deasachadh airson an dàrna pàirt dhen chùrsa a chur an clò.

# FOILLSEACHADH IS FIOSRACHADH

## Fiosrachadh Farsaing

Is neònach gun d'fhuair ceistean Gàidhlig riamh uiread de dh'fhoillseachadh anns na paipearan-naidheachd is na meadhanan craolaidh is a fhuair iad fad na bliadhna an uiridh. Bha mòran dheth seo an cois ar polasaidh fiosrachadh mu ar gnothaichean a chumail ris na meadhanan agus a bhith a' coinneachadh gu cunbhalach ri luchd-naidheachd, ach bha cuid dhe cuideachd an lorg mar a ghlac ar strì a thaobh craobh-sgaoilidh aire a' mhòr-shluaigh. Chaidh barrachd cheistean mu Ghàidhlig a thogail air ùrlar Taigh nan Cumantan an aon bhliadhna na anns na ceud bliadhna ron sin! 'S e aon bhuaidh air am bu chòir dhuinn fàilte chur gun deach mòran dhen mhì-fhiosrachadh a bha ceangailte ri Gàidhlig ann an sùilean a' mhòr-shluaigh a chur ma sgaoil, agus a-nise tha luchd-naidheachd — is mar sin an sluagh san fharsaingeachd — nas eòlaiche air cùisean Gàidhlig na bha iad riamh.

## Foillseachadh sa Choimhearsnachd

Aig ìre ionadail taobh a-staigh na Gàidhealtachd is dòcha gu bheil an seòrsa foillseachaidh ris am faod daoine freagairt sa bhad, is gu dearbh anns am faod iad pàirt a ghabhail, nas cudthromaiche. Ghlacadh aire mhòran le foillseachadh a chuir CNAG is Acair air bhonn eatorra aig a' Mhòd Nàiseanta an Steòrnabhagh ged nach robh an làrach sna chumadh e buileach freagarrach, agus bha ceilidh chloinne le sgioba Dotaman agus an Theatar Oigridh air leth math. Ghabh sinn cuideachd brath air cruinneachaidhean leithid Fèill Bharbhais agus Fèis Bharraigh airson foillseachadh a chur air adhart.

COMUNN NA GAIDHLIG EARRANTA

CUNNTAS AIR TEACHD A-STEACH/COSGAIS  
A' Bhliadhna gu 31 Dùbhlachd 1989

	Nota	1989	1988
		£	£
TEACHD A-STEACH	1	<u>354,880</u>	<u>301,340</u>
Cosgaisean rianachd		107,978	89,729
Cosgaisean obrach eile		<u>217,267</u>	<u>174,355</u>
		<u>325,245</u>	<u>264,084</u>
		29,635	37,256
Buannachd tasgaidh	2	<u>3,298</u>	<u>673</u>
		32,933	37,929
Riadh ri phàigheadh	3	<u>485</u>	<u>356</u>
BUANNACHD AIR TEACHD A-STEACH	4	<u>32,448</u>	<u>37,573</u>

Stiùireadair C. MacGillfhaolain

Stiùireadair D. I. MacAoidh

6 Giblean 1990



COMUNN NA GAIDHLIG EARRANTA

COTHROMACHADH  
31 Dùbhlachd 1989

	Nota	1989	1988
		£	£
<b>MAOIN STEIDHICHTE</b>			
Maoin stèidhichte	6	<u>3,893</u>	<u>4,771</u>
<b>MAOIN LUATH</b>			
Roimh-phàigheadh	7	71,546	34,926
Gèarr thasgadh		22,772	15,743
Airgead tioram		10,005	13,079
		<u>104,323</u>	<u>63,748</u>
CREIDEARAN: Suimean ri phàigheadh taobh a-staigh bliadhna	8	<u>19,506</u>	<u>11,571</u>
MAOIN LUATH GU LEIR		<u>84,817</u>	<u>52,177</u>
MAOIN GU LEIR AS AON AIS FIACHAN LUATH		88,710	56,948
CREIDEARAN: Suimean ri phàigheadh taobh a-muigh bliadhna	10	<u>1,401</u>	<u>2,087</u>
		<u>87,309</u>	<u>54,861</u>
<b>CALPA</b>			
Buannachd taisgte	11	<u>87,309</u>	<u>54,861</u>

Stiùireadair C. MacGillfhaolain

Stiùireadair D. I. MacAoidh

6 Giblean 1990

## COMUNN NA GAIDHLIG 1989

## STUIREADAIREAN

## A' RIOCHDACHADH

An t-Ath. Urr. C. MacGillfhaolain  
(Fear Cathrach)

Ballrachd Choitcheann

An t-Urr. I. MacArtair  
(Iar Fhear Cathrach)

Ballrachd Choitcheann

Mgr. D.I. MacAoidh

Bòrd Leasachaidh na  
Gàidhealtachd

Comhairliche D. Grannd

Comhairle Roinn na  
Gàidhealtachd

Comhairliche D.M. MacAoidh

Comhairle nan Eilean

Comhairliche B.M. Scott

Comhairle Roinn  
Srathchluaidh

Mgr. N. MacEacharna

An Comunn Gàidhealach

A' Bh. Ph. C. NicUalraig

Ballrachd Choitcheann

A' Bh. Ph. A. Rennie

Ballrachd Choitcheann

Mgr. T. MacGillIosa

Ballrachd Choitcheann

Mgr. R.I. MacLeòid

Ballrachd Choitcheann

Dr. I. Mac a' Ghobhainn

Ballrachd Choitcheann

Mgr. D. MacFhearghais

Ballrachd Choitcheann

Rùnaire agus Oifis Chlàraichte:

Mgr. D. MacGuaire, 26 Sràid Leòdhais, Steòrnabhagh,  
Eilean Leòdhais PA87 2JF

COMUNN NA GAIDHLIG 1989

LUCHD OBRACH

AINM

DREUCHD

Mgr. I.A. MacAoidh

Stiùiriche

A' Bh. Ph. M. Dhòmhnallach

Leas-Stiùiriche

An t-Oll A.L. NicGillIosa

Oifigeach Foghlaim

A' Bh. Uas. M. NicLeòid

Oifigeach Leasachaidh

Mgr. A. MacFhionghuin

Oifigeach Leasachaidh

A' Bh. Ph. C.A. Nic a' Ghobhainn

Neach Clèireachd

A' Bh. Uas. D. NicCumhais

Neach Clèireachd

A' Bh. Ph. C. NicGhriogair

Neach Clèireachd

Tha Comunn na Gàidhlig a' toirt taing shònraichte do na buidhnean a leanas airson taic airgid a thoirt do ChNAG an 1989 airson rianachd agus/neo phròiseactan:

- Urras Bernard Van Leer
- Urras Calouste Gulbenkian
- Am Biùro Eòrpach
- Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd
- Comhairle nan Eilean
- Roinn na Gàidhealtachd
- Roinn Srathchluaidh
- Comhairle Sgìre an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse
- Roinn Foghlam na h-Albann
- Comhairle nan Ealain
- Ventura Earranta
- Coimisean na h-Eòrpa